



## Stiùireadh Sgeama Cholmcille 2020/21

### Colmcille 2020/21 Funding Guidelines

#### Mu dheidhinn na Maoine

'S e com-pàirteachas eadar Foras na Gaeilge ann an Èirinn agus Bòrd na Gàidhlig ann an Alba a th' ann an Colmcille. Bidh e a' brosnachadh conaltradh agus co-obrachadh eadar coimhearsnachdan cànanain na Gàidhlig agus na Gaeilge.

'S e amas na maoine seo taic a chumail ri pròiseactan coimhearsnachd agus ri daoine fa leth ann an Alba agus Èirinn a tha a' beòthachadh, a' cleachdadh is a' neartachadh nan cànanan le bhith ag obair le chèile.

#### Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànain air feadh na h-Alba.

Tha gach sgeama maoineachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith stèidhichte air na prìomhachasan a chithear sa [Phlana Cànanain Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023](#) agus sa [Phlana Chorporra aig a' Bhòrd](#), 's mar sin tha e riatanach gu bheil sibh eòlach orra mus cuir sibh iarrtas maoineachaidh a-steach.

#### Pròiseactan a gheibhear taic

Tha sgeama taic-airgid Colmcille aig Bòrd na Gàidhlig fosgailte airson iarrtasan bho bhuidhnean agus buidhnean coimhearsnachd a tha airson pròiseact a' libhrigeadh a bhios a' dèanamh ceangal ris an aon seòrsa buidhne ann an Èirinn.

#### About the Fund

Colmcille is a partnership between Foras na Gaeilge in Ireland and Bòrd na Gàidhlig in Scotland. It fosters communication and collaboration between the language communities of Scottish and Irish Gaelic.

The aim of this fund is to support community projects and individuals in both Scotland and Ireland that help enrich, use and strengthen the languages by working in partnership.

#### About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

Each Bòrd na Gàidhlig funding programme is based upon the priorities as communicated in the current [National Gaelic Language Plan 2018-2023](#) and the [Bòrd's Corporate Plan](#), and as such it is vital that you are familiar with these documents before you submit your application.

#### Projects this fund aims to support

Bòrd na Gàidhlig's Colmcille funding scheme is open to applications from organisations and community groups that are looking to deliver a project that will link with similar organisations in Ireland.

Tha sgeama na bliadhna seo gu sònraichte ag amas air taic a chur ri phròiseactan a tha coileanadh na leanas:

- A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is na Gaeilge tro na h-ealain
- A' cleachdadh dualchas gus coimhearsnachdan Gàidhlig/Gaeilge a thoirt còmhla agus gus inbhe nan cànanan a thogail
- A' toirt luchd-labhairt òga na Gàidhlig is na Gaeilge còmhla tro thachartasan no pròiseactan sgoile
- A' brosnachadh conaltradh agus a' sgaoileadh eòlas agus deagh chleachdaidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge
- A' cur taic ri ionnsachadh na Gaeilge am measg luchd-labhairt na Gàidhlig

Tha taic cuideachd ri fhaighinn do luchd-labhairt na Gàidhlig a tha airson clasaichean no cùrsaichean Gaeilge a fhrithealadh.

Anns an iarrtas agaibh bhitheamaid a' sùileachadh gum bi sibh a' mìneachadh ciamar a bhios am pròiseact agaibh a' freagairt air aon no barrachd air aon de na h-amasan seo, a thuilleadh air na h-amasan bunaitich a tha air an ainmeachadh sa [Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23](#):

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig;
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Bidh sinn gun sònraichte a' coimhead airson pròiseactan a tha ag ullachadh airson, no a tha cur taic ri, Bliadhna Cholmille 2021 – a tha a' comharrachadh 1500 bliadhna on a rugadh Naomh Calum Chille.

Tha sinn cuideachd airson gu bheil iarrtasan a' toirt fa-near mar as urrainn dhan na phròiseactan aca cur ri comharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta eile, leithid [Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba 2020](#).

This year's scheme would specifically like to support projects that achieve the following:

- Promoting Gàidhlig and Irish use through the arts
- Using heritage to bring Gaelic-speaking communities together and raise the status of the Gaelic languages
- Bringing young speakers of Gaelic and Irish together through events or school projects
- Promoting dialogue and sharing of experiences and best practice between Gaelic and Irish speakers
- Supporting the learning of Irish among Gaelic speakers

Support is also available for Gaelic speakers looking to attend Irish classes or courses.

In your application we expect you to expand on how your project meets one or more of these aims, as well as the core aims that are identified in the [National Gaelic Language Plan 2018-23](#):

- Increasing Gaelic usage;
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Promoting a positive image of Gaelic

Special consideration will be given to projects which are in preparation of, or in support of, the Year of Colmille 2021 – marking the 1500th anniversary of the birth of St Columba.

We're also looking for applications to consider how their projects can contribute to other local, national and international celebrations and events, for example [Scotland's Year of Coasts and Waters 2020](#).

Ann a bhith a' measadh an iarrtas agaibh, bidh sinn a' coimhead air:

- Inbhe a' phròiseict agus an tagraiche fhèin
- An ìre de cho-obrachadh air a shealltainn leis a' phròiseict ann a bhith a' ceangal coimhearsnachdan Gàidhlig is Gaeilge còmhla
- Neart a' phròiseict a thaobh cleachdadh na Gàidhlig no Gaeilge
- An dileab a th' aig a phròiseict agus an ceangal a tha e a' sealltainn ri tachartasan ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta
- Neart nam planaichean agaibh gus buaidh a' phròiseict agaibh a mheasadh
- Luach an airgid a tha ga shealltainn leis a' phròiseict

Gheibhear stiùireadh-measaidh nas mionaidiche [air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#).

## Riaghailtean airson Phròiseactan

### Co dh' fhaodas tagradh a chur a-steach?

Tha a' mhaoin seo fosgailte do bhuidhnean aig a bheil bun-reachd a tha stèidhichte ann an Alba no Èirinn a tha an dùil pròiseact a' lìbhrigeadh a tha a' toirt coimhearsnachdan Gàidhlig is Gaeilge còmhla, agus cuideachd do dhaoine fa leth a tha airson clasaichean no cùrsaichean Gaeilge a dhèanamh.

Tha buidhnean coimhearsnachd saor-thoileach, iomairtean sòisealta, buidhnean spòrs, creideimh, ealain agus buidhnean sgoile air taic fhaighinn roimhe, ach tha prìomhachas air buidhnean coimhearsnachd.

Chan fhaod buidhnean ach aon iarrtas Colmcille a chur a-staigh do Bhòrd na Gàidhlig airson na cuairt maoinachaidh seo.

### Co nach faodadh tagradh a chur a-steach?

- Ùghdarrasan poblach no ionadail
- Buidhnean coimeirsealta/airson prothaid

In assessing project applications, we will be looking at:

- The quality of the project and the applicant
- The level of co-operation shown by the project in linking Gàidhlig and Gaelige communities
- The strength of the project in terms of Gaelic or Irish usage
- The legacy of the project and the connection it shows to local, national & international events
- The strength of your plans to assess the impact of your project
- The value for money demonstrated by the project

Detailed assessment guidance can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

## Project Requirements

### Who can apply?

This fund is open to constituted organisations based in Scotland or Ireland that hope to deliver a project linking together Gaelic and Irish communities, as well as individuals who are looking to undertake Irish classes or courses.

Voluntary community organisations, social enterprises, sporting, religious, arts and school groups have previously received assistance, but voluntary community organisations will be prioritised.

Organisations may only submit one Colmcille application to Bòrd na Gàidhlig for this funding round.

### Who cannot apply?

- Public or local authorities
- Commercial or for-profit organisations

Chan fhaod daoine fa-leth iarrtasan a chur a-staigh ach airson cosgaisean cùrsaichean Gaeilge an àite phròiseactan.

### Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt taic do phròiseactan a thèid a thòiseachadh eadar 1 Giblean 2020 agus 31 Màrt 2021 agus a thèid crìochnachadh ro 31 Dùbhlachd 2021.

### Ìrean taic-airgid

'S e £85,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo. Faodar iarrtasan airson pròiseactan a chur a-steach airson suas ri **£10,000** agus **suas ri 80% de chosgaisean a' phròiseict**.

Airson iarrtasan a tha sireadh taic le bhith a' frithealadh clasaichean/cùrsaichean Gaeilge, tha taic-airgid suas ri **£350** ri fhaotainn airson cìsean a' chùrsa, le taic-airgid suas ri **£200** a bharrachd ri fhaotainn ma tha sibh nur n-oileanach làn-thìde, gun chosnadh no gun tuarastal, airson cosgaisean siubhail is àite-fuirich a rèir cho-dhùnidhean a' phannail.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith de bhuidseat a' phròiseict airson a tha sibh sireadh taic a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile no prògraman maoineachadh cunbhalach aig Bòrd na Gàidhlig no Foras na Gaeilge.

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean pròiseact ri linn:

- Cosgaisean-ruith aig buidhnean
- Cosgaisean-tòiseachaidh aig buidhnean
- Cosgaisean uidheamachd
- Co-fharpaisean
- Lìbhrigeadh pàirt de churraicealam na sgoile

Gheibh tagraichean a tha soirbheachail 80% den tabhartas iomlan aig tòiseach a' phròiseict mar as àbhaist, leis an 20% mu dheireadh às dèidh aithisg dheireannach riarachail a bhith air a toirt seachad.

Individuals may only supply for support towards Gaeilge course costs rather than projects.

### Project Timeframe

The fund will support projects which will start between 1 April 2020 and 31 March 2021 and will be fully completed by 31 December 2021.

### Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £85,000. Applications for projects may be made for up to a maximum of **£10,000** and **up to 80% of project costs**.

Applications for support in attending Irish classes/courses can be made for up to a maximum of **£350** for course fees, with a further **£200** discretionally available if you are a full-time student, unemployed or unwaged, to support travel and accommodation costs.

You must ensure that no part of the project's budget for which you are requesting support comes from other Bòrd na Gàidhlig or Foras na Gaeilge funding schemes or regular funding programmes.

We will not be able to support project costs relating to:

- Running costs of organisations
- Organisation start-up costs
- Equipment costs
- Competitions
- Delivering part of the school curriculum

Successful project applications will typically receive 80% of the total grant at the start of the project, with the final 20% pending submission of a satisfactory final report.

Gheibh tagraichean a tha soirbheachail ann a bhith faighinn taic airson cùrsaichean Gaeilge a fhrithéaladh an taic-airgid iomchaidh slàn às dèidh dhaibh an t-aonta taic-airgid, aithisg aig deireadh a' chùrsa agus cuidhtean iomchaidh a chur air ais thugainn.

### **Aithne don Taic**

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh aithne a thoirt (nuair a tha sin iomchaidh) don taic-airgid a fhuair sibh bho Bhòrd na Gàidhlig airson a' phròiseict agaibh mar pàirt den sanasachd agaibh.

Anns an iarrtas agaibh, bu chòir dhuibh mìneachadh ciamar a nì sibh seo, m.e. a' toirt iomradh air nuair a nì sibh sanasachd air a' phròiseict, agus sibh a' cleachdadh [suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig](#) air stuthan foillsichte.

Tha fios a bharrachd air mar bu chòir taic-airgid Bòrd na Gàidhlig a bhith air aithneachadh ri fhaighinn [air an làrach-lìn againn](#).

### **Sgrùdadh is measadh air a' phròiseict**

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseict aca a lìbhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad air an sin san aithisg dheireannaich aca.

Feumaidh sibh cuideachd fiosrachaidh a thional bho chom-pàirtichean sa phròiseict ri linn slatan-tomhais bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha.”
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart.”
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba.”

Bu chòir dhuibh sealltainn san iarrtas ciamar a bhios sibh a' tional an fhiosrachaidh.

Successful applications for support in attending Irish courses will receive the full eligible funding amount after return of the funding agreement, an end-of-course report and production of relevant receipts.

### **Acknowledgment**

For this funding programme, you must acknowledge (where appropriate) that Bòrd na Gàidhlig were a source of funding for your project as part of your publicity efforts.

In your application, you must detail how you will achieve this, e.g. acknowledgement in project publicity, use of [Bòrd na Gàidhlig's logo](#) on printed materials.

Further information as to how Bòrd na Gàidhlig funding should be acknowledged is available on [our website](#).

### **Project monitoring and evaluation**

All successful projects will be required to monitor and evaluate their project delivery and provide evidence of this in their final report.

You must also collect feedback from project participants relating to the following measures identified in [Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23](#):

- More people agree with the statement “Gaelic makes a difference to my life.”
- More people agree with the statement “I have enhanced my Gaelic skills.”
- More people agree with the statement “Gaelic is important to Scotland.”

Evidence should be provided in your application as to how you will collect this feedback.

Gheibhear teaplaid airson aithisg dheireannaich na phròiseict [air làrach-lìn a’ Bhùird](#) neo le bhith a’ cur post-d gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

## Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh’fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman.

Tha Bòrd na Gàidhlig airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a’ faotainn taic-airgid bhuan tro na sgeamaichean maoinachaidh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Pàrantan Corporra aig [www.corporateparenting.org.uk](http://www.corporateparenting.org.uk) agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gnìomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a’ cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a’ toirt cothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

## A’ cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath ’s as urrainn ma tha ceistean agaibh mu dheidhinn a’ phròiseict no iarrtas agaibh air 01463 225454 no air post-d gu [colmcille@gaidhlig.scot](mailto:colmcille@gaidhlig.scot)

Tha fàilte air iarrtasan air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla.

Bu chòir dhuibh am Foirm-iarrtais a lìonadh (le diofar fhoirmichean airson [pròiseactan](#) agus airson taic le bhith [a’ frithealadh clasaichean /cùrsaichean](#)

A template for the final project report [can be found on Bòrd na Gàidhlig’s website](#) or upon emailing [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

## Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil with regard to enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces.

Bòrd na Gàidhlig encourage projects funded by us to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting can be found at [www.corporateparenting.org.uk](http://www.corporateparenting.org.uk) and a copy of Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people.

## Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if you have any questions about your project or application on 01463 225454 or via email at [colmcille@gaidhlig.scot](mailto:colmcille@gaidhlig.scot)

Applications are welcomed written in either Gaelic or English.

You should complete the relevant Application Form (with a separate form for [projects](#) and for [requesting support in attending Irish classes/courses](#)) and

[Gaeilge](#)) agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, cuide ri **sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth**, mar a leanas:

#### Riathanach

- Bun-stèidh no Meòrachan
- Na Cunntasan Bliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaidh (ma tha clann an sàs sa phròiseact)
- Liosta le Buill a' Bhùird no na Comataidh

#### Air moladh

- An Aithisg Bhliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman

Airson daoine fa-leth a tha a' cur a-steach iarrtas airson taic fhaighinn mu choinneamh cùrsaichean no clasaichean Gaeilge, tha na sgrìobhainnean a leanas a dhìth:

- Ceangal eadar-lìn no sgrìobhainn le iomradh air fiosrachadh cùrsa, a' gabhail a-staigh far an tèid a' libhrigeadh, dè tha na lùib agus dè na cisean a th' ann

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas, bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte.

Faodar tuilleadh sgrìobhainnean a thoirt dhuinn ma thogras sibh, ach cha tèid am measadh mura tèid bruidhinn orra san fhoirm-iarrtais fhèin.

Faodar am foirm-iarrtais a chur a-steach ann am post-d gu [colmcille@gaidhlig.scot](mailto:colmcille@gaidhlig.scot) no sa phost gu:

Sgioba Thabhartasan, Bòrd na Gàidhlig  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Feumaidh iarrtasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 3f air Diardaoin 20 Gearran 2020**.

submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other **necessary supporting documents**, as follows:

#### Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual accounts
- Child Protection or Safeguarding policy (if the project involves children)
- List of board or committee members

#### Recommended

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy

For individuals applying for support with Irish courses, the following documentation is required:

- Web link or document with reference to course information, including course location, content and fees

Applications which do not provide the required supporting documents will be declared ineligible.

Further supporting documentation can be provided at your discretion, although they will not be reviewed unless referenced directly in the application form.

The form can be submitted by email to [colmcille@gaidhlig.scot](mailto:colmcille@gaidhlig.scot) or by post to:

Grants Team, Bòrd na Gàidhlig,  
Great Glen House, Leachkin Road  
Inverness, IV3 8NW

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **3pm on Thursday 20 February 2020**.

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach às dèidh a' chinn-là sin ach ma tha cead air toirt seachad bho Bhòrd na Gàidhlig ro làimh ann an sgrìobhadh.

Feumaidh cunntas-banca a bhith agaibh no aig a' bhuidheann agaibh nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach.

Cuimhnichibh, dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh air a' phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

### Pròiseas measaidh iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bhòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca.

An uair sin thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoin agus a thoirt seachad fiosrachadh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an iarrtas agaibh ceadachte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach no gun tèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadachte air a mheasadh le pannail de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir stiùireadh-measaidh, agus bidh iad a' moladh iarrtasan dhan Sgioba Stiùiridh airson aontachadh aig a' choinneimh aca sa Mhàirt 2020.

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas aca aig deireadh a' Mhàirt 2020.

### Tuilleadh fiosrachaidh

Applications that are submitted after this date will not be considered except if prior permission has been provided in writing by Bòrd na Gàidhlig.

It is essential that you or your organisation has an active bank account at the time of applying.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

### Application review process

All applicants will receive an acknowledgment to confirm that Bòrd na Gàidhlig have received their application.

Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to rectify this within 10 working days or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to the assessment guidance, and they will recommend to the Senior Management Team which applications to approve at their meeting in March 2020.

All applicants will be informed of the result of their application in late March 2020.

### More information

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a' mhaoin seo, cuiribh fios gu [colmcille@gaidhlig.scot](mailto:colmcille@gaidhlig.scot) no cuiribh fòn gu 01463 225454.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoin eachaidh air-loidhne](#).

Gheibhear barrachd fiosrachaidh cuideachd air làrach-lìn [Bhòrd na Gàidhlig](#).

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at [colmcille@gaidhlig.scot](mailto:colmcille@gaidhlig.scot) or call 01463 225454.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found online](#).

Further information can also be found on the [Bòrd na Gàidhlig](#) website.



## Pàipear-taic A – Stiùireadh-measaidh Pròiseactan Colmcille 2020/21

### Appendix A – Colmcille 2020/21 Project Assessment Guidance

#### Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gus dearbhadh gu bheil e a' leantainn riaghailtean an sgeama. Mur eil e a' leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh taobh a-staigh 10 làithean-obrach, no cha tèid an t-iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an t-iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme. If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 10 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Iarrtas taic-airgid airson £10,000 no nas lugha
- Iarrtas taic-airgid aig no nas lugha na 80% de chosgaisean iomlan a' phròiseict
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a' phròiseict ri fhaighinn
- Pròiseact air tòiseachadh rè no às dèidh a' Ghiblein 2020
- Pròiseact a' crìochnachadh rè no ron Lùnastal 2021
- Fiosrachadh-taice riatanach air a chur a-steach
- Ainmean air a chur ris an iarrtas le dithis luchd-dearbhadh
- Funding request of £10,000 or under
- Funding request at or under 80% of total project costs
- Full projected income and expenditure outlined
- Project begins during or after April 2020
- Project ends during or before August 2021
- Required supporting documentation submitted
- Application signed by two signatories

#### Molaidhean airson sgòradh / Scoring recommendations

Tha an stiùireadh seo ann gus taic a thoirt do mheasadh iarrtasan airson Colmcille 2020/21. Tha dà phàirt den stiùireadh: Buaidh a' Phròiseict agus Lìbhrigeadh a' Phròiseict. Thathar an dùil gum bi sgòr de 60% no nas àirde gu h-iomlan agus co-dhiù 1 airson gach slat-tomhais a dhìth airson iarrtas a bhith soirbheachail.

This guidance provides support to assessing project applications for Colmcille 2020/21. There are two parts to the assessment: Project Impact and Project Delivery. It is expected that a score of 60% or more overall and of at least 1 for each measure is required for an application to be successful.

Bu chòir gach puing-measaidh a bhith air a sgòradh a-mach à 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a' comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith ga mheas mar phrìomhachais.

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

5	4	3	2	1	0
Gu math làidir / Very strong	Làidir / Strong	Soilleir / Clear	Lag / Weak	Gu math lag / Very weak	Gun fianais / No evidence

## Buaidh a' Phròiseict

### Inbhe agus freagarrachd a' phròiseict

20%

- Dè cho buannachdail agus a bhiodh am pròiseact do chleachdadh na Gàidhlig/Gaeilge nan robh taic-airgid air a thoirt seachad dha?
- Dè cho dlùth agus a tha am pròiseact a' freagairt air stiùireadh airson nam pròiseactan a tha an sgeama seo airson maoinachadh?
- Dè cho ùr-ghnàthach agus a tha am pròiseact?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
A13, A14, C, D1

## Project Impact

### Project eligibility and quality

- How beneficial could the project be for Gaelic/Gaeilge usage if it was funded?
- How closely does the project relate to the guidance for projects that this fund is looking for?
- How innovative is the project?

Particularly considering questions:  
A13, A14, C, D1

### Brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig/Gaeilge

10%

- Am bi am pròiseact air a libhrigeadh agus air a dheasachadh tro mheadhan na Gàidhlig/Gaeilge?
- Dè an uiread de dhaoine a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig/Gaeilge mar phàirt den phròiseact?
- A bheil am pròiseact a' cruthachadh cothroman ùra gus Gàidhlig/Gaeilge a chleachdadh?

*Mur eil am pròiseact air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig/Gaeilge gu tur no sa mhòr-chuid, 's e 4 an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad.*

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
C1, D1, D2

### Promoting Gaelic/Irish usage

- Will the project be delivered and developed through the medium of Gaelic/Irish?
- How many people will use Gaelic/Irish as part of the project?
- Will the project create new opportunities to use Gaelic/Irish?

*If the project is not delivered through entirely or mostly delivered the medium of Gaelic/Irish, then the maximum score is 4.*

Particularly considering questions:  
C1, D1, D2

### A' ceangail Gàidhlig gu tachartasan ionadail/nàiseanta/eadar-nàiseanta

10%

- Ciamar a tha am pròiseact a' dèanamh ceangal ri Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba agus Bliadhna Cholmille?
- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas ann a bhith sealltainn buaidh ionadail ann a bhith libhrigeadh comharraidhean nàiseanta/eadar-nàiseanta?

### Connecting Gaelic to local, national and international celebrations

- How well does the project connect with the Year of Coasts and Waters and the Year of Colmille?
- How well does the application consider the impact of the project locally in delivering national/international celebrations?
- How well does the project link with other local events?

- Dè cho math agus a tha an tachartas a' dèanamh ceangal ri tachartasan ionadail eile?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
C1, D1, D3

### A' ceangail coimhearsnachdan Gàidhlig is Gaeilge

10%

- Dè cho math 's a tha an t-iarrtas a' sealltainn mar a tha luchd-labhairt na Gàidhlig is na Gaeilge an sàs?
- A bheil an t-iarrtas sealltainn com-pàirteachas soilleir eadar buidhnean ann an Alba agus Èirinn?
- Dè an uimhir de dhìleab a tha air sealltainn leis a phròiseact a thaobh cheanglaichean eadar coimhearsnachdan?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
C1, D1, D4

### Prìomhachas an Tagraiche

10%

Thathar a moladh nan sgòraichean gu h-ìosal:  
5 – Buidhnean coimhearsnachd le bun-stèidh  
4 – Sgoiltean le solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig  
3 – Carthannasan ionadail le luchd-obrach  
3 – Sgoiltean gun solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig  
3 – Colaistean is oilthighean  
2 – Carthannasan nàiseanta le luchd-obrach

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
A11-14, B1

### Coileanadh amasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig

10%

Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' coileanadh nan amasan de bhith:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
C1, D1, D2

Particularly considering questions:  
C1, D1, D3

### Linking Gaelic and Irish communities

- How well does the application show involvement of both Gaelic and Irish speakers?
- Does the application clearly demonstrate partnership between organisations in Scotland and Ireland?
- How much of a legacy is demonstrated by the project in terms of links between communities?

Particularly considering questions:  
C1, D1, D4

### Priority of the Applicant

The following scores are recommended:  
5 – Constituted community groups  
4 – Schools with Gaelic-medium education provision  
3 – Local charities with staff  
3 – Schools without Gaelic-medium education provision  
3 – Colleges and universities  
2 – National charities with staff

Particularly considering questions:  
A11-14, B1

### Delivering the aims of the National Gaelic Language Plan

How well does the application achieve the aims of:

- Increasing Gaelic usage
- Increasing Gaelic learning
- Promoting a positive image of Gaelic

Particularly considering questions:  
C1, D1, D2

## Ìbhrigeadh a' Phròiseict

### Comas ìbhrigidh

10%

- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn sgilean agus eòlas gu leòr aig an tagraiche gus am pròiseact a ìbhrigeadh?
- A bheil comasan Gàidhlig math aig an neach/sgìoba a bhios a' ìbhrigeadh a' phròiseict?
- A bheil e soilleir bhon iarrtas mar a thèid an obair a choileanadh?
- Am bi am buidseat iomchaidh airson am pròiseact a ìbhrigeadh gu tùr?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
B2, C, E1-3

### Sgrùdadh is measadh a' Phròiseict agus aithneachadh taic-airgid

5%

- Dè cho làidir agus a tha planaichean an tagraiche airson measadh na h-obrach aca?
- A bheil cothroman ann do chom-pàirtichean beachdan a thoirt air ais?
- A bheil e soilleir mar a bhios an tagraiche a' tionail dàta airson Plana Corporra a' Bhùird?
- A bheil an t-iarrtas a' leantainn riaghailtean airson aithneachadh taic-airgid aig Bòrd na Gàidhlig?
- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn gun tèid taic-airgid aithneachadh anns gach nì iomchaidh sa phròiseact?

*Mur eil an t-iarrtas ag ràdh gum bi iad ag aithneachadh Bòrd na Gàidhlig, 's e 3 an sgòr as àirde a dh' fhaodadh toirt seachad*

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
F1, F2, G1

### Pàrantan Corporra

5%

- A bheil an t-iarrtas a' toirt cothroman do dhaoine òga fo chùram, agus ma tha dè cho math agus a tha e ann a bhith freagairt nam feumalachdan aca?

*Ma tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil iad air feart a thoirt air na ceistean ach nach bi am pròiseact a'*

## Delivering the Project

### Ability to deliver

- Does the application demonstrate that the applicant has sufficient skills and knowledge to deliver the project successfully?
- Does the individual/team delivering the project have good Gaelic ability?
- Is it clear from the application how the work will be undertaken?
- Is the budget reasonable to deliver the project fully?

Particularly considering questions:  
B2, C, E1-3

### Project monitoring, evaluation and acknowledgement of funding support

- How strong are the applicant's plans to assess their work?
- Are there opportunities for participants to provide feedback?
- Is it clear how the applicant will collect information relating to Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan?
- Does the application follow the rules for acknowledging funding support of Bòrd na Gàidhlig?
- Does the application show that funding support will be acknowledged at each appropriate point within the project?

*If the application does not mention how it will acknowledge Bòrd na Gàidhlig, then the maximum score is 3.*

Particularly considering questions:  
F1, F2, G1

### Corporate Parenting

- Does the application provide opportunities for young people in care, and if so, how well does it consider their needs?

*If the application shows appropriate consideration of the questions but that it will not specifically offer*

*tabhann chothroman gu sònraichte a thaobh Pàrantan Corporra, thoir seachad sgòr de 3.*

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
H

*opportunities in relation to Corporate Parenting, then score 3.*

Particularly considering questions:  
H

### Luach an airgid

20%

### Value for money

- Am bi tòrr dhaoine a' faighinn buannachd an taca ris an airgead air sireadh?
- A bheil buidseat a' phròiseict reusanta airson a leithid agus e a' coimhead air cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach?
- A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile?
- Am bi an taic-airgid seo air a stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach?
- Ciamar a tha am pròiseact a' sealltainn adhartachadh bho phròiseactan a fhuair taic-airgid a-cheana?

- Will many people benefit in relation to the funding requested?
- Is the budget for the project reasonable and does it look to minimise costs where possible?
- Is there appropriate funding from other sources?
- Will this funding be managed and used effectively?
- How does this project show improvement over previous projects that have been awarded funding?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:  
C1, C5, C6, E1-4, F1

Particularly considering questions:  
C1, C5, C6, E1-4, F1

### **Tabhann taic-airgid / Funding offers**

**Airson gach iarrrtas a tha am panail-measaidh a' moladh, faodaidh iad moladh suim taic-airgid a thabhann a tha nas lugha na an t-suim a chaidh iarraidh.**

For each application that the assessment panel recommends, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum.

**Às dèidh measadh air a h-uile iarrrtas, ma tha am panail-measaidh a' moladh cus iarrrtasan airson buidseat na maoinne a ghabhail, thèid taic-airgid a thabhann do na h-iarrrtasan ann an òrdugh sgòraidh bhon sgòr as àirde dhan sgòr as ìsle, leis am pannal a dèanamh co-dhùnadh air an uiread den bhuidseat a tha air an roinn eadar phròiseactan agus iarrrtasan taic-airgid airson cùrsaichean Gaeilge frithealadh.**

After assessment of all applications, if the assessment panel recommends more applications than the fund budget can allow, funding will be offered to applications in order of score from the highest to the lowest, with the panel making a determination of how much of the budget to split between projects and Irish course funding applications.



## **Pàipear-taic B – Stiùireadh-measaidh Iarrtasan Cùrsaichean Gaeilge Colmcille 2020/21**

### **Appendix B – Colmcille 2020/21 Irish Course Application Assessment Guidance**

Tha an stiùireadh seo ann gus taic a thoirt do mheasadh iarrtasan airson cùrsaichean Gaeilge a fhrithealadh le taic-airgid Colmcille 2020/21. Feumaidh a h-uile iarrtas a bhith a' sealltainn gur e neach-labhairt fileanta sa Ghàidhlig a th' anns an tagraiche agus feumaidh fianais a bhith ann air dè an cùrsa a tha an tagraiche ag iarraidh dèanamh, no bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte.

This guidance provides support to assessing applications for support from Colmcille 2020/21 in attending Irish courses. All applications must show that the applicant is a fluent Gaelic speaker and there must be evidence provided as to which course the application wishes to attend, or the application will be ineligible.

#### **Molaidhean**

**Gheibh gach iarrtas a tha ceadaichte a thaobh riaghailtean na sgeama taic-airgid (a rèir buidseat a bhith ann). 'S iad na riaghailtean:**

- **Tagraiche na neach-labhairt fileanta sa Ghàidhlig**
- **Cùrsa tòiseachadh rè no as dèidh a' Ghiblein 2020**
- **Cùrsa crìochnachadh rè no ron Dùbhlachd 2021**
- **Fiosrachadh air a thoirt seachad san iarrtas mun chùrsa, cìsean a' chùrsa agus cò a bhios ga libhrigeadh**
- **Iarrtas taic-airgid airson £350 no nas lugha (no £550 ma tha an tagraiche na h-oileanach làn-thìde, gun obair no gun tuarastal)**

**Faodar taic-airgid a thoirt seachad suas ris an luach sa phuuing mu dheireadh gu h-àrd, air a cleachdadh airson cìsean a' chùrsa mar prìomhachas, an uair sin airson cosgaisean siubhail no àitichean-fuireach. Chan fhaodar taic-airgid a thoirt seachad airson càil sam bith eile.**

#### **Recommendations**

All eligible applications according to the rules of the scheme will receive a funding award (subject to available budget). These rules are:

- Applicant is a fluent Gaelic speaker
- Course begins during or after April 2020
- Course ends during or before December 2021
- Information provided in the application on the course, the course fees and who will be delivering it
- Funding request of £350 or less (or £550 or less if the applicant is a full-time student, unemployed or unwaged)

Funding can be provided up to the value stated in the last point above, used for course fees as a priority, and then for travel costs or accommodation costs. Funding cannot be awarded for any other purpose.